In line with this, Scottish Ministers seek to appoint **up to 3** new members to the Bòrd. The appointment is part-time and members are expected to give a minimum time commitment of 36 days per year (approximately 3 days per month) to Bòrd business. **Please ensure you will be able to fulfil the time commitment before applying.** Bòrd meetings are held across the country including at the Bòrd's Headquarters in Inverness. There are 6 annual Bòrd meetings but some travel to other events and meetings (including committee meetings) will be necessary. Video and telephone facilities can occasionally be made available. Your first Bòrd meeting will be held on 21/22 June 2017.



The term of appointment will be expected to be not less than 3 years with the possibility of re-appointment subject meeting the requirements of the person specification for the role at the time of re-appointment. Current remuneration is £6,388 per annum and is subject to annual review. Travel and subsistence costs directly associated with the work of the Bòrd and reasonable dependent carer allowance will be reimbursed. The appointment is non-pensionable.

The closing date for applications is Friday 16th December 2016.

Hansel & Gretel

agus

Fèill Mhòr na Fuine



MJ
Deans



Iain
Beggs



Calum
MacDonald



Debbie
Mackay

The gort anna an Rìoghachd Ìleanta, 's tha athair Hansel 's Gretel air a bhith strì gun biadh a lorg dhaibh. Is gann gun creideadh Hansel 's Gretel a nuair a leanhas iad mu Fèill Mhòr na Fuine 's ged nach eil iad an dòil gum bi an t-acras orra tailleadh gun dhlàsta dhaibhean IS LAD FHEIN a bhios air a' chlàr-bidh.

There's a famine in the Enchanted Kingdom and Hansel and Gretel's father is struggling to put food on the table for them. When Hansel and Gretel get word of a Great Baking Festival their dreams of finding food look to be coming true but what they don't know is that THEY'LL end up on the menu.

Diardaoin 8 Dùbhlachd, 7f

Ironworks, Inbhir Nis

(tiodhlaicean air an doras)

Thursday 8 December, 7pm

The Ironworks, Inverness

(donations on the door)



Neach Òg na Bliadhna 2016 | Skye's Young Person of the Year 2016

Chaidh duais shònraichte a thoirt seachad airson a' chiad uair aig Òraid Chuimhneachaidh Shir Iain Noble aig Sabhal Mòr Ostaig air 9 Samhain. Chaidh an duais a thoirt seachad le Urras an Eilein airson "Neach Òg na Bliadhna". Tha an duais ga bhuileachadh air neach òg às an Eilean Sgitheanach a tha air daoine a bhrosnachadh gu bhith cleachdadh na Gàidhlig agus a tha air inbhe a' chànain a thogail tro an cuid saothrach is dìcheall.

'S i Eilidh NicFhraing à Cille mo Luaig san Eilean Sgitheanach a thog duais na bliadhna-sa. Chaidh Eilidh gu Bun-sgoil Chille Mhoire agus an uair sin gu Àrd-sgoil Phort Rìgh, far an robh e na chleachdadh dhith a bhith a' togail dhuaisean aig Mòdan Ionadail is Nàiseanta, gu h-àraidh airson bàrdachd, sgeulachdan, còmhraidh agus leughadh.

Bhon uair sin tha Eilidh air a beòshlaint a dhèanamh ann an dreuchdan Gàidhlig. Chuir i seachad beagan bhliadhnaichean ag obair aig an ionad cùraim-chloinne Gàidhlig, Fàs Mòr, mus do thòisich i san dreuchd anns a bheil i an-diugh agus i na h-Oifigear Pròiseact airson na farpais chliùitich, *FilmG*, a tha stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig.

Thuir Murchadh Peutan, Rianadair Urras an Eilein, "Tha sinn a' cur meal-a-naidheachd air Eilidh, a bha air leth airidh air an duais. Tha Urras an Eilein a' sùileachadh gum bi an duais seo air a toirt seachad gach bliadhna aig Òraid Chuimhneachaidh Sir Iain Noble, agus tha sinn an dòchas gum bi deagh thaghadh de thagraichean againn an ath-bhliadhna cuideachd."

Às dèidh dhith an duais a thogail air an oidhche, thuir Eilidh NicFhraing, "Tha e mòrbhaileach a bhith faicinn gu bheil Urras an Eilein airson taic a chumail ri daoine òga aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig agus 's e urram mòr a th' ann gun deach mo chur air adhart airson a leithid de dhuais."



The inaugural "Skye's Young Gaelic Person of the Year" award was presented to Eilidh Rankin from Kilmaluag in North Skye for her contribution to the use and promotion of Gaelic. The award was presented at the fifth Sir Iain Noble Memorial Lecture that took place at Sabhal Mòr Ostaig on the 9th of November.

Eilidh attended the local primary school in Kilmuir and then Portree High School. She was involved in many Gaelic events in her youth - including drama groups and productions such as "*Na Mo Chuid Aodaich*" as well as local and national Mods where she competed in various competitions for poetry, storytelling, conversation and reading.

Since leaving school, Eilidh has continued with her commitment to the Gaelic language. At first she worked at the Gaelic Childcare Facility, Fàs Mòr, in Sleat, and in more recent years she has worked as the Project Officer for FilmG, MG ALBA's Gaelic short film competition, which is delivered by Cànan, the multi-media company based at Sabhal Mòr Ostaig.

Urras an Eilein Trust Administrator Murdo Beaton said: "We congratulate Eilidh, who was a very worthy winner of this new award. Urras an Eilein intends for this award to be presented at future Sir Iain Noble Memorial Lectures and we are hopeful that next year many other young people from Skye communities will be nominated for the award."

After receiving her reward on the night, Eilidh Rankin said: "It's fantastic that Urras an Eilein wants to support young people who have made a commitment to the language. I am delighted, and very surprised, even to have been nominated, and privileged to be the first winner of such a prestigious award."

Deasbad Nàiseanta nan Àrd Sgoiltean 2016 | National Gaelic Schools Debate 2016

Tha sinn airson meal an naidheachd a chuir air Eilidh Nic a' Phì agus Alix Aburn à Acadamiadh Rìoghail Inbhir Nis airson farpais Deasbad nan Àrd Sgoiltean 2016 a bhuannachadh. Chaidh an deasbad a chumail Diciadain 30 Samhain ann an Pàrlamaid na h-Alba ann an Dùn Èideann.

'S e "Dòmhnall Trump" an cuspair airson an cuairt dheireannach eadar Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis agus sgioba Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (Siobhan Brady agus Eilidh Miller).

Bha sgioba Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis a' moladh gur e Dòmhnall Trump a tha dhìth air saoghal an latha an-diugh agus bha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu an aghaidh a' mholaidh.

Bha an deasbad seo air a chraoladh beò air Radio nan Gàidheal.

Cuideachd, fhuair Eilidh Nic a' Phì duais Òraidiche na Bliadhna airson na rinn i tro na cuairtean air fad.

Mur fhuair sibh cothrom a èisteachd ris an deasbad, faodaidh sibh èisteach ris a-rithist an seo:

<http://www.bbc.co.uk/programmes/b083l8y9>

Congratulations to Eilidh MacPhee and Alix Aburn from Inverness Royal Academy who beat Glasgow Gaelic School's team of Siobhan Brady and Eilidh Miller in the final of this year's Deasbad in the Scottish Parliament on Wednesday 30th of November.

The two teams had debated in 3 heats to make it to the final round, beating 18 other teams in the process.

For the final debate, the two teams debated the topic that US president-elect Donald Trump is "exactly what the world needs at this time".

The Inverness team won with their argument for this motion which was broadcast live on BBC Radio nan Gàidheal.

Eilidh MacPhee from the Inverness Royal Academy also won the prize for Speaker of the Year due to her outstanding performances throughout the qualifying stages and the final debate.

If you missed the debate, you can listen again here: <http://www.bbc.co.uk/programmes/b083l8y9>



Dealbhan le Andrew Cowan
Photographs by Andrew Cowan



Cruinneachadh bàrdachd ùr ‘Lùs na Tùise’ a’ toirt spionnadh air Luchd-ealain na Gàidhlig

Tillidh Marcas Mac an Tuairneir, a bhuannaich Cuach Gaiseat Steòrnabhaigh airson Dràma na Gàidhlig aig a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail, do a fhreumhan bàrdail am mìos seo, le cruinneachadh bàrdachd ùir a tha air spionnadh a thoirt air dithis bhana-sheinneadair na Gàidhlig, gus an cuid ciùil a chur ris a chuid dhàn.

Ga ainmeachadh às dèidh ‘ginealach lus na tùise’ is luchd-iomairt gèidh, gabhaidh an leabhar fhèin dàn sònraichte, ‘Ainneamhag’ (‘Phoenix’) a-steach, ga thionndadh gu co-sheirm ùr do Chòisir Ghàidhlig Inbhir Nis le Màiri Anna NicUalraig airson farpais MhicShimidh is Thulaich Bhàrdainn. Chuir Gille NicCoinich ceòl cumha ri dàn eile, ‘Speactram’ (‘Spectrum’), cuideachd, sgrìobhte mar fhreagairt don mhurt ann an Club-oidhche Pulse, Orlando. Gabhaidh an clàr ùr aig Màiri Anna NicUalraig, “Dàn”, tionnadh co-aimsireil den aon dàn, cuideachd.

Thuirt an t-Oll. Emily NicEòghainn, ceann-suidhe Chlò a’ Bhadan, a tha na chompanaidh foillseachaidh ùr, stèidhichte ann an Canada, gun robh iad “air an dòigh an cruinneachadh *Lus na Tùise* fhoillseachadh, a sheallas guth làdair aona-ghnèitheach, gu tur co-fhillte taobh a-staigh cultar is coimhearsnachd na Gàidhlig. Tha mi an dòchas gum broснаich am foillseachadh seo co-obrachadh a bharrachd eadar Gàidheil ann an Alba is Canada is sgrìobhadairean aona-ghnèitheach eile an cuid bheachdan a leasachadh.”

Bidh Mac an Tuairneir a’ sgrìobhadh bàrdachd, rosg, drama agus critig ann an Gàidhlig agus Beurla is tha e na Dhràmaire Ùr na Gàidhlig 2016, a-rèir Playwrights’ Studio Scotland. Dh’fhoillsicheadh a’ chiad chruinneachadh aige, *Deò* ann an 2013, is bho sin a-mach tha e air coisinn cliù a chosnadh mar sgrìobhadair, a’ gabhail a-steach duais na bàrdachd aig Highland Literary Salon is duais Baker na Gàidhlig ann an 2014.

New ‘Lavender’ Poetry Collection Inspires Gaelic Artists

Marcas Mac an Tuairneir, recipient of the Stornoway Gazette Trophy for Gaelic Drama at the Royal National Mòd, returns to his poetic roots this month with a brand new collection that has already inspired two Gaelic singers to set his words to music.

*Titles after the ‘lavender generation’ of gay rights activists, the new poetry collection *Lus na Tùise / Lavender* includes ‘Ainneamhag’ (Phoenix), recently arranged by Mary Ann Kennedy and performed by the Inverness Gaelic Choir at the Lovat and Tullibardine Competition at this year’s Royal National Mòd. A heartfelt poem responding to the recent Pulse nightclub shooting in Orlando, ‘Speactram’ (Spectrum), has also been set to music by Kennedy for her new album “Dàn”, and separately by Gille MacKenzie.*

*Mac an Tuairneir writes poetry, prose, drama and criticism in Gaelic and English and is Playwrights’ Studio Scotland’s 2016 Gaelic New Playwright. His debut poetry collection *Deò* was published in 2013 and since then he has enjoyed numerous successes including the Highland Literary Salon prize for poetry, and both first and second place in the Baker Prize for Gaelic Literature in 2014.*





Christmas at An Comunn Gàidhealach



If you are stuck for ideas for what to buy as Christmas presents, why not visit our online store or call into our shop on Stornoway to look at a selection of Gaelic CDs, books, Christmas cards and Babog-the Gaelic speaking teddy!



10% discount for
Members of
An Comunn
Gàidhealach



Mòd

LOCH ABAR 2017



Bha bratach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail air a thoirt seachad bho Neach-gairm Mòd nan Eilean Siar 2016 dha Neach-gairm Mòd Loch Abar aig tachartas nan Còisirean Mòra.

Tha Comataidh Loch Abar air a bhith a' cuir air dòigh tòrr thachartasan airson airgead a chruinneachadh airson Am Mòd Nàiseanta Rìoghail an ath bhliadhna. Seo agaibh beagan fios a thaobh dè tha dol.

The Mod banner was passed from the Mod nan Eilean Siar Convenor to the Mod Loch Abar Convenor at this year's Massed Choirs event.

The Lochaber Local Committee have been organising many events in order to raise money for next year's Royal National Mòd. You can find out about some of their events [here](#).

Tha an Comataidh an dùil cuairt-litir a thòiseachadh a dh'aithghearr airson fiosrachadh a sgaoileadh mu dheidhinn na tha dol aig Mòd Loch Abar 2017: tachartasan, togail airgead, dòighean gus pàirt a ghabhail is mar sin air adhart.

Ma tha sibh airson leth bhreac fhaighinn, nach cuir sibh teachdaireachd thuca leis an t-seòladh post-d agaibh tron duilleag Facebook aca.

The Committee will begin circulating an e-newsletter soon to provide information on what's happening with Mòd Loch Abar 2017: events, fundraising, ways to get involved etc.

If you would like to receive a copy please message their Facebook page with your email address.



Hogmanay Cèilidh

Cèilidh na Bliadhn'-ùire

LOCH ABAR 2017

With the Sileas Sinclair Band
Le Còmhlan Sìlis Nic na Ceàrdaich


8pm, Saturday 31 December
8f, Disathairne 31 Dùbhlachd

Caol Community Centre
Talla Chaol na Còrpaich

All ages welcome! Food included!
Fàilte ron a h-uile! Gheibhear biadh an cois na prise!

Under-18s to be accompanied by an adult
Faomadh taobas a tha fo 18 Hogmanay còmhla ri iadhsach

Tickets | Tiogaidean: £15, <16 £5
Linda: 01397 700800
Ann-Marie: 07899696548



Tachartasan Mòd
Nàiseanta Rìoghail
Loch Abar 2017

Royal National Mod
Lochaber 2017
Fundraising events

MÀN RÀN

8PM · 4 MARCH 2017 8F · 4 MÀRT 2017
NEVIS CENTRE IONAD NIBHEIS
FORT WILLIAM AN GEARASDAN

WITH SUPPORT FROM:
AN CUIDEACHD:

TIDE LINES



HEADLINED BY ROBERT ROBERTSON, TIDE LINES ARE ONE OF THE FRESHEST AND MOST INNOVATIVE SOUNDS IN SCOTTISH MUSIC

THE FULL FLOOR CÈILIDH BAND



DRIVING TUNES FROM THE GLASGOW-BASED GIRL BAND, INCLUDING 2016 YOUNG TRAD FINALIST HANNAH MACRAE

TICKETS (18+ ONLY): £15
TIOGAIDEAN (18+ A-MHÀIN): £15
01397 700707 · www.neviscentre.co.uk

f Mòd Loch Abar 2017
@LochAbar2017

LOCH ABAR 2017



A bheil ùidh agaibh a bhith an sàs ann an Mòd Loch Abar 2017? Tha an Comataidh aca a' cur fàilte air neach sam bith, ge bi dè an dòigh a tha sibh airson taic a thoirt dhan tachartas: mar bhall den chomataidh, toirt taic le tachartasan, toirt taic seachdain a' Mhòid no rud sam bith eile!

Chan fheum Gàidhlig a bhith agaibh agus chan fheum sibh coinneamhan a fhrithealadh (mura h-eil sibh airson!)

Thèid oidhche fosgailte a chumail air Diluain 6 An Gearran 2017– cumaibh sùil a-mach airson tuilleach fiosrachaidh.

“Na bi diùid, tha sinn laghach agus aig amannan fiù's èibhinn! Ma tha sibh ag iarraidh fios sam bith, cuiribh brath thugainn aig lochabar2017@gmail.com”

Are you interested in getting involved with Mòd Loch Aber 2017? Everyone is welcome, no matter how much you can contribute: as a committee member, supporting at fundraising events, helping out on Mòd week or anything else!

You don't need to be a Gaelic speaker and you don't need to attend any meetings (if you don't want to!)

An open evening will be held on Monday 6th February 2017– keep an eye out for more information.

“Don't be shy, we are a friendly bunch & sometimes even funny! If you would like any more information, drop us an email at lochaber2017@gmail.com”





DUAIS SGRÌOBHAIDH DO CHLANN ANN AN GÀIDHLIG

Write an original
story for children
in Gaelic for a
chance to win
£500.



Stories must be:

- previously unpublished
- between 1000 and 2000 words
- suitable for 5 to 8 year-olds

Entrants must be 16 years or over.

Submission deadline: **31 January 2017.**

For further information and an entry form visit -
www.cne-siar.gov.uk/library

Supported by the Carnegie UK Trust



Oor Wullie anns a' Ghàidhlig, a' chiad uair a-riamh!

Oor Wullie, in Gaelic for the very first time!



Tha Nollaig a' tighinn— agus bheir Santa iris bhliadhnail Oor Wullie dha buill Chlub Leughaidh Cuilean Craicte airson nan stocainnean aca!

Tha sinn glan air ar dòigh gu bheil cead againn bho D. C. Thomson & Co. an caractar Albannach as ainmeile a th' ann— Oor Wullie— fhoillseachadh sa Ghàidhlig airson a' chiad uair.

Bidh sinn a' cur a-mach a' chiad iris a-riamh sa Ghàidhlig, is faodaidh sibh a cheannachd airson £10 a' gabhail a-steach postachd air an [làrach-lìn againn](#).

Mar as àbhaist, feumaidh sinn ceud ball ach am pàigh an leabhar air a shon fhèin; cha tog sinn am pàigheadh idir mur am faigh Iris Nollaig Uilleam Againn Fhìn na ceud ball a dh'fheumas sinn. Cuiridh sinn fios thugaibh mus iarr sinn pàigheadh oirbh. Feumaidh na buill a bh' againn roimhe soighnigeadh a-rithist airson òrdugh ùr— chan iarr sinn pàigheadh oirbh as aonais aonta sònraichte bhuaibh airson gach uile tagraidh ùir.

Cha tèid sinn air adhart airson na Nollaig ach a-mhàin ma chruinnicheas sinn ceud ball ro 9 Dùbhlachd— mar sin, feuch gun soighnig sibh cho luath 's as urrainn dhuibh, agus feuch gun sgaoil sibh am fiosrachadh cho luath agus cho farsaing 's as urrainn dhuibh!

lochd! Mo chreubhag! Dìgean mise!

Babh uabh!

An Cuilean xx

Christmas is coming— and Santa is bringing Club Leughaidh Cuilean Craicte members an Oor Wullie annual for their stockings!

We are delighted to have permission from D. C. Thomson and Co. to publish iconic Scottish cartoon strip Oor Wullie in Gaelic for the first time ever.

We will be issuing a first ever annual in Gaelic, and you can sign up to buy it for £10 including postage at our [website](#).

As ever, we'll need a hundred members for it to be financially viable for the book to go ahead; we will only collect payment if the Oor Wullie Christmas Special 2016 reaches the hundred members needed. We will notify you before any payment is requested. Current members will need to sign up to a new mandate— we will never request payment from you without explicit instruction for each new offer.

We'll only be able to go ahead in time for Christmas if we can collect a hundred members by 9 December— so please sign up as quick as you can, and help us share the information as widely and as quickly as possible!

Jings! Crivens! Help ma Boab!

Babh uabh!

An Cuilean xx

Care for a Cèilidh

Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le

Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



Duaisean na Gàidhlig 2016 | Scottish Gaelic Awards 2016



Chaidh Duaisean Gàidhlig na h-Alba a chumail ann an Taigh-òsta Grand Central Glaschu air an 16mh den t-Samhain. Chithear liosta de na luchd-buannachaidh gu h-ìosal. Mealaibh ur naidheachd.

The Scottish Gaelic Awards took place in the Grand Central Hotel, Glasgow, on the 16th of November. You can see a list of the winners below. Congratulations to you all.

Duais Luchd-ionnsachaidh || **Learner Award**

Beag air Bheag

An Duais Ealain is Chultarach || **Arts and Culture Award**

Le taic bho Alba Chruthachail || **Sponsored by Creative Scotland**

Theatre gu Leòr

An Duais airson Tachartas || **Event Award**

Le taic bho Bòrd na Gàidhlig || **Sponsored by Bòrd na Gàidhlig**

SIUTHAD! GO ON!

An Duais Choimhearsnachd, Dualchais is Turasachd || **Community, Heritage & Tourism Award**

Le taic bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean || **Sponsored by Highlands and Islands Enterprise**

B' eòlach air do Sheanair air

Sàr Dhuais na Gàidhlig || **Best Contribution Award**

Seumas Watson

An Duais Eadar-nàiseanta || **International Award**

Àdhamh Ò Broin

Duais: Innleachdas ann am Foghlam Gàidhlig || **Innovation in Education Award**

Ruairidh MacIlleathain

Tosgaire Òg na Bliadhna || **Young Gaelic Ambassador of the Year Award**

Shannon Cowie

Duais Eaconamach na Gàidhlig || **Gaelic as an Economic Asset Award**

Le taic bho Thorntons Investments || **Sponsored by Thorntons Investments**

Museum nan Eilean

THE BIG GAELIC SURVEY

SUIRBHIDH MÒR NA GÀIDHLIG

Suirbhidh Mhòr na Gàidhlig a' Faighneachd Ciamar as Urrainn dha na Meadhanan Cùis na Gàidhlig Adhartachadh

Thathar air suirbhidh ùr a chur air dòigh, a chaidh a choimiseanadh le Bòrd na Gàidhlig is MG Alba, mar phàirt de rannsachadh a tha a' coimhead air a' bhuaidh a th' aig na meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh a' chàinain.

Tha trì ceisteachain ann a tha ag amas air daoine le diofar chomasan anns a' Ghàidhlig: luchd-labhairt na Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus daoine aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Is urrainn do dhaoine an t-suirbhidh a lìonadh air an làrach-lìn air a shon aig www.thebiggaelicsurvey.co.uk. Cha toir e ach mu chòig mionaidean a lìonadh.

Am measg nan cuspairean anns a' cheisteachan tha: a' bhuaidh a th' aig meadhanan craolaidh mar BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal, na stuthan ionnsachaidh Gàidhlig a tha rim faighinn agus cho math 's a tha iad, agus uireasbhaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh nan goireasan a tha a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig ionnsachadh no gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart.

The Big Gaelic Survey Asks How Media Can Help the Gaelic Language to Prosper

A new survey, which has been commissioned by Bòrd na Gàidhlig and MG Alba, has been launched as part of research examining the impact of Gaelic media on learning of the language.

Three questionnaires have been launched aimed at those with varying levels of Gaelic proficiency: Gaelic speakers, Gaelic learners and those who are interested in learning Gaelic in the future.

Respondents can access the survey by visiting the dedicated website at www.thebiggaelicsurvey.co.uk. Responses should take no more than five minutes to complete.

Among the topics raised in the questionnaire are the impact of platforms such as BBC ALBA and BBC Radio nan Gàidheal, the availability and quality of Gaelic learning materials and the gaps that may exist in resources to encourage more people to not only learn Gaelic but improve their aptitude in the language.

CAROL'S CEILIDH



NO ADMISSION FEE!

**DONATIONS WELCOME
AROS HALL**

We are having a ceilidh to celebrate Carol's wonderful achievement in winning the Gold Medal at this year's National Mod in Stornoway.

SO COME ALONG AND JOIN IN THE FUN

SATURDAY 3rd DECEMBER

7.30pm

Dances, Music and Songs
Guest Artistes

LICENSED BAR

Tac an Teine

Gaelic song session

Disathairne 3 Dùbhlachd, 2-4f
Saturday 3 December, 2-4 pm

Taigh-òsta a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis
Glen Mhòr Hotel, Inverness

Bidh Fàilte Romhaibh Uile
A Warm Welcome To All



The Fèisèan nan Gàidheal a' faclainn taic thu na buithnean seo | Fèisèan nan Gàidheal is supported by the following bodies:



Bidh Skippinish a' cluich ann an iomadh àite air feadh Alba mar phàirt den chuairt gheamhraidh aca! Nach tadhal sibh air an [duilleag Facebook](#) aca no dhan [làrach-lìn](#) aca airson tuilleadh fios a thaobh àitichean, cinn -làtha agus tiocaidean!

Skipinnish are playing at number of venues across Scotland as part of their winter tour! Visit their [Facebook page](#) or their [website](#) for more information on venues, dates and how to get tickets!

Partaidh Nollaig! Christmas Party!

Disathairne 17 an Dùbhlachd 12f-1.30f
Bùth Chomhairle nan Leabhraichean
Saturday 17th December 12pm-1.30pm
Gaelic Bookshop

Lorg obair ùr ann an saoghal na Gàidhlig le Obraichean Gàidhlig
Find a new job in the world of Gaelic with Obraichean Gàidhlig

Tadhail air / Visit: www.obraichean.co.uk

Obraichean
Gàidhlig

GAELIC SPEAKERS!!!
**WANT TO READ & WRITE
IN GAELIC?**

**New 10 week course
FINGAL CENTRE, PORTREE**

**Saturdays
2.00pm - 3.30pm
5 Nov. - 17 Dec.
14 Jan. - 28 Jan.**

TUTOR: JOHN URQUHART

FILMG 
WWW.FILMG.CO.UK

CUIMHNICH || REMINDER

Feumar gach fiolm fhaighinn ron a' cheann-là dheireannach, 14 Dùbhlachd 2016. Cha ghabhar ri fiolm sam bith às-dèidh a' cheann-là seo.

All films must be submitted by 14 December 2016. Any entries received after this date will not be considered.



Bathar Mòd nan Eilean Siar 2016



Ma tha sibh a' lorg preusant Nollaig Mar chuimhneachan air Mòd 2016, tha stuthan fhathast air fhàgail bhon Mhòd. Cuir fòn thugainn air 01851 703 487 airson tuilleadh fios.

If you are looking for a Christmas present to remember Mòd 2016 by, we still have stock available!

COSGAISEAN/PRICES

Adult Hoodie - £20.00 - (Black/Red/Grey/Hunter Green)

Child's Hoodie - £15.00 - (Blue/Black/Pink)

Adult t-shirt - £10.00 - (White/Navy)

Child's t-shirt - £7.00 - (Blue/Light pink)

Beanie (Black/Grey) - £10.00

Pom-pom Bonnet (Navy/Grey) - £12.00

Apron and Book - £8.00



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703 487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709 705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

alison@ancomunn.co.uk

01851 703 487

